

5.53.24(47).

THE BLOOD OF CHRIST THE ONLY EFFECTUAL
CURE.

FUIL CHRIOSD,

AN AON

CHUNGAIDH LEIGHEIS EIFEACHDACH

AIRSON

COGAIS CHIONNTACH A GLANADH.

SE 'm peacadli briseadh lagha Dhe, 1 Eoin iii. 4. agus an uair a bheir sinn fa'near co an Ti a's e lagh air am bheil am peacadh 'na bhriseadh, 's eiginn gum bi e soilleir gur e am peacadh an t-olc is mo ; agus uime sin, is eigin gur e an ni a bheir air falbh e, am beanachd a's mo. Dh' fhailnich na h-uile nithe a thaobh na criche so a fhreagar *ach fuil a chumhnanta shiorruidh*, Eabh. xiii. 20. Tha e gu cinnteach ro chionntach agus cunnartach agus diomhain duil a bhi re maitheanas 'nar peacaidh, d'ar cogaisibh cionntach, o ni sam bith elle, oir is e so an t-aon mheadhon a dh' ulluich agus a shonnraich Dia chuun na criche sin. Tha peacanna air an gairm *oibre marbha*, do bhri gu bheil iad a' toilltin *bais shiorruidh*, ni is e tuarasdal cinnteach a' pheacaidh, Gal. iii. 10. Esec. xviii. 20. Rom. vi. 23. 'Se tha sinn gu thuigsinn leis a' chogais a bhi air a glanadh 'o oibrigh marbha, a chogais a bhi air a glanadh o'n chioninta bha air a chruinneachadh trid cur an gniomh a pheacaidh, ionnas gu bheil neach a'faghail saorsa uaithe, le lan-mhaiteanas fhaotain. 'Sann a chum peacadh a thabbairt air falbh o na cionntaich a bha fuil Chriosd air a dortadh, Mat.

xxvi. 28. Eabh. xi. 26. 1 Eoin iii. 4, 5. Gal. iii. 13.
 'Si so a' chungaидh leighis uile fhoghainteach, a dh' ullaich Dia d'a dheagh thoil, agus do reir saibreas a threocair ; agus tha i gu cinnteach eifeachdach do thaobh morachd na pearsa, neach a ta neo-chriochnach ann an luach, agus air an aobhar sin, tha 'iobairt neo-chriochnach do thaobh eifeachd. 'Se Mac Dhe e, Dia air fhoillseachadh 'san fheoil, Eoin xx. 31. I Tim. iii. 16. Mar sin bheir fhuil a tha luachmhoscionn cainnte, gu brath air falbh gach uile pheacadh, 1 Phead. i. 19. Eabh. viii. 12.

Fhuair an fhuil so maitheanas iomlan airson sluaigh mhoir nach 'eil neach sam bith comasach air aireamh, do na h-uile chinneachaibh agus threubhaibh, agus shluaghaibh, agus theangaibh, Taisb. vii. 9—14. Chaidh a dortadh air son an dream sin a tha (do thaobh naduir) fuidh chumhachd Shatain, Grianh xxv. 18. airson nan daoine cailte, Luc. xix. 10. Air an sonsan a bha gun neart, gu urnaigh, gu Dia a ghradhachadh, no gu ni sam bith a dheanamh ; airson nan aingidh, airsou nan daoine neo-dhiadhaidh, Rom. v. 6. airson cinn-fheadhna nam peacach, 1 Tim. i. 15. Seadh airson naimhdean Dhia fein, Rom. v. 10.

'Se n t-ughdarris a thug an Tighearn Iosa Criod fein d'a Abstoil an deigh aiseirigh o na marbhaidh, iad a shearmonachadh an sgeil aoibhinn so—Rachaibh (ars' esan) air feadh an t-saoghal uile, agus searmonaichibh an soisgeul do gach creutair ; ge b'e chreideas agus a bhaistear saorar e ach ge b'e nach creid ditear e, Marc. xvi. 15, 16.

Do reir so chuir iad an ceil, sith trid fhola, a 'deanamh cinnteach na h-uile a chuala iad, trid ainmsan, ge b'e chreideas annsan gu'm faigh e maitheanas peacaidh, Gniomh x. 36, 42, 43. xiii. 38, 39. Nam bu chomasach sinn air fheoraich do gach seorsa pheacach a chaidh a shabhaladh, agus a tha nis air neamh, cionnus a thainig iad an sin ? theireadh iad gu 'n robh an t-iomlan d'an slainnte trid fola an Uain. Cionnas a thainig muinntir aingidh, mar tha na daoine

sanntach, luchd foireigne, am bréugaire, luchd mhionn, luchd neo-ghloine, luchd geur-leanmluinn, an gaduiche, agus am misgfhear, gu bhi air an gabhail, steach do'n aite naomha sin, gu bhi an lathair Ie, hoblia a ta gu h-iomlau glan? Mholadh iad saibhreas saor-ghrais trid na h-iobairt-reitich, agus theireadh iad—Ghradliaich Iosa sinn, agus nigh e siun o ar peacaidh 'na fhuil fein, Taisb. i. 5. Mharbhadh e, agus shaor e sinn do Dhia le fhuil fein, Taisb. v. 9. Bha ar trusgain air an nigheadh, agus air an deanamh geal ann am ful an Uain, Taisb. vii. 14.

'Se teagasg nan Abstol—*Is fior an radh so, agus is fu e air gach aon chor gabhail ris, gu'n d'thainig Iosa Criod do'n t-saoghal a thearnadh pheacach, 1 Tim. i. 15.* Feudaidh sinn uime siu a cho-dhunadh gu ceart uach feudar le neach ach muinntir do'n t-seorsa so co' pairteachadh do'n t-soarsa a dh'oibrich-eadh le Chriosd.. Agus feudaidh siun a cho-dhunadh gu bheil an soisgeul air a chur an ceil do'n pheacach, agus do'n duine neo-dhiadhaidh mar a tha e, agus gu bheil beannachdan an t-soisgeil r'an sealbhachadh gun airgiad agus gun luach. Peacach sam bith, ge b'e neach leis an aill, gabhadh e uisge na beatha gu soar, Isa. iv. 1. Taisb. xxii. 17. Oir is tobar e air fhosgladh gu peacadh agus neo ghloine gblanadh air falbh, Sech. xiii. 1. 'Se so caoimhneas caomh Dhaibhidh, a' sruthadh o shaibhreas do-rannsachaидh a' ghrais, agus so gu h iomlau co-flreagarrach r'a cheartas, agus ri uile bhudadhan an Uile chuinhachdaieh, Tit. iii. 4; Eph. i. 7. Rom. iii. 26. Luc. ii. 14..

Ach feudaidh e bhith gu'n abair am peacach ; tha mi tabhairt fainear an Scriobtuir ag radh, gu'n robh ful Chriosd air a dortadh air son peacaich a thearnadh, ach eionnas a tha mise re thuigsin am buin a bhuan-nachd so dhomhsa?

Ma' chreideas tu, feudaidh tu bhi cinnteach as, 's leatsa e co cinnteach 'sa tha'n teachdaireachd o neamh-fior ; oir tha focal an Tighearna 'gar deanamh cinn-teach, gur ann trid creidimh a tha slainte, a chum gu-

biodh e tre ghras, ionnas gu'm biodh an gealladh daingean do na h-uile a' chreideas, Eoin iii. 14, 15, 16, 36. Rom. iv. 16.

— A chreideas, ciod? A chreideas an da ni so,

1. Gu'n d' thug Dia d'a mhór ghradh a Mhac gu bas fhulang airson pheacach, águs mar sin gu bhi 'na Shlanuighear ionlan, agus gu'n d'rinn e gach ni a bha Dia ag jarruidh, agus a tha feumail do'n anam; agus gur e Iosa o Nasaret an Criosd, Mac Dhe. Mar dhearbadh air na firinnibh so, bheireamaid fainear a mhiorbhhuilean, an guth o neamh, a bhriathra fein air a chrann, aiseirigh o na marbhaibh, arduchadh gu deas laimh Dhe, agus a thoradh so, dortadh a nuas an spioraid Naoimh. Eoin xx. 31. 1 Eoin iv. 14, 15. Rom. x. 4, 6.; gu 12. Eoin x. 25. Mat. xvii. 5. Eoin xix. 37. xvii. 4. Gniomh ii. 32, 33. 1 Phead. i. 3 21. Rom. i. 4.

Agus anns an dara aite, A chreideas gu bheil na rinn Criosd gu h-ionlan saor airson na muinntir a tha gun neart, neo-dhiadhaidh, agus gun ni sam bith chum an deanamh taitneach do Dhia, Rom. iv. 5. v. 8.

An uair a tha na nithe sin air an tuigsinn, tha saorsa air a mealltuinn, ciod sam bith staid'sam bheil neach ga fhaotain fein. 'Sann an sin a tha chogais air a glanadh trid na h-iobairt-reitich, no fuil Chriosd, Rom. v. 1.

Far nach'eil saorsa, an sin tha failinn eigin ann au tuigsin, agus ann an creidsin na firinne so, (1.) An dara cuid tha iad fuidh amharus nach 'eil gu leor deanta freagarach do staid a pheacaich ni 's e an t-aon ni as gun a chreidsin gur e Iosa an Criosd; no, *san dara aite,* Tha iad fuidh amharus nach' eil e saor, ni 's e mi-chreideas a thoirt do'n t-soisgeul, oir a ta sin *a ris agus a ris g'ar* deanamh cinnteach, *gu'm bheil e saor do gach neach a chreideas,* Tha chuis soilleir, ma rinn Criosd an *t-ionlan* do na bha Dia ag iarraidh, agus air am bheil feum aig an anam, agus ma tha e air a chur an ceil o Righ neimh gu'm bheil e *ionlan saor*, mur 'eil saorsa agam trid so, 'seigin gur ann do bhrigh's nach 'eil mi 'ga chreidsin; ni a tha

sruthadh o bhi aineolach a thaobh firinne an ni a tha air a chur an ceil, oir gach ni a tha mi tuigsinn a bhi fior, cha'n urradh mi gun a chreidsin. Mar sin, 'se obair Spioraid De neach a theagasc gus na nithe sin a thuigsin a thugadh dhuinn gu saur o Dhia, 1 Cor. ii. 12.

Mar eisempleir an robh thu ciontach ann an striop-pachas, gaduidheachdh, misg, no ni graineil sam bith eile? Ma tha thu a' tuigsin an t-soisgeil, 's eiginn gu bheil thu creidsin gu'm bheil an deagh sgeul a tha ann fregarrach do d' staid, 1 Cor. v. 9, 10, 11.

Am bu chealgair thu ag aidmheil diadhachd? Tha e freagarrach do d' staid. Am bheil thu aun an staid mharbh, agus neo-phiothaiteach ann ad inutin, ionnas nach urradh thu Dia a ghradhachadh, no ni sam bith a dheanamh gu ceart? Tha'n Soisgeul ro threagar-rach do neach ann ad staidsa. Am bheil nainuhdeas ann ad chridhe an aghaidh Dhe agus a shligheanna? Thoir fanear, gun robh fuil luachmhор Chriosd air a dortadh airson naimhdean. Ann am beagan fhocal, mur urradh dhuit ni sam bith a thabhairt leat an lathair an Tighearna, gu thu fein a dheanamh tait-neach, no airidh air deagh-ghean Iehobhah, tha e fathast freagarrach do d' staid, oir tha e *iomlan saor*.

An uair a tha Spiorad Dhia a' teagasc neach sam bithgubhi tuigsin teachdaireachd shoilleir an t-soisgeil mu thiomchioll iobairt-reitich agus aiseirigh Chriosd, an sin tha saorsa air a mealtuin, an sin tha chøgais air a glanadh gun dail; an sin sguiridh am peacach do bhi ag amharc airson steigh-dhochais ann fein, oir tha e faicinn Iehobhah toilichte lc iobairt a dheagh-ghin Mhic 'na riochdsan. Tha so a' tabhairt air aghaidh gradh do Dhia, agus do'n Tighearn Iosa Criosc airson a shlainte mhoir, agus airson ro-mheud a chaoimhneis agus a ghraidih iongantaich air a nochadh anns an t-slainte sin; 'se 'ni a leauas gu cinnteach uime sin, seirbhis a dheanamh do'n Dia bheo. Tha'n t-seirbhis so calg-dhireach an aghaidh seirbhis a pheacaidh, aoradh Mhammoin, agus cairdeis an

t-saoghal so, 2 Cor. v. 14, 15. Rom. vi. Mat. vi. 24.
Seum iv. 4.

An uair a tha cogais duine sam bith air a glanadh o oibribh marbha, tha e air a ghairm gu seirbhis a dheanamh do'n Fhearsaoraidh, agus tha e air innseadh dha 'na fhocal na th' aige re dheanamh leis ; agus the e anns an am cheudna gu bhi air a bhrosnuchadh gu eud diadhaidh anns an t-seirbhis le gealladh Chriosd, eadhon far am bheil efein, gu'm bi a sheirbhiseach an uine ghearr, agus seilbhichidh e a ghloir sin uile ann an onoir, agus ann an neo-bhasimhoireachd a tha aig deas-lainli Dhia gu brath. Eoin xii. 26. Taisb. xxi. 4. 23.

Ach (a deir neach eigin) cha'n'eil mise a mothachadh graidh do Dhia agus d'a phobull, agus as eugnighais sin, cionnas a dh' sfeudas mi duil a bhi agam re saorsa o fhuil Chriosd, oir far nach eil gradh, cha'n'eil eifeachd ann an ni sam bith ?

Bha ful Chriosd air a dortadh airson nan daoine neo-dhiadhaidh, agus uime sin, cha'n'eil ar gradh-ne do Dhia air aon doigh a' co'-oibreachadh ann a bhi faotainn duinn maitheanas peacaidh. Agus air do iarrtus lagha naomha Dhe a bhi air fhlilleadh auns an cheud thoiseachadh sin gradh, Mat. xxii. 37—40. nam biodh ar gradh-ne do Dhia roimh fhreanachadh, agus mar sin feumail a chum ar fireanachadh, an sin dh'fheudadh briathra an Abstoil a bhi air an cur an neo brigh, far am bheil e ag radh *Cha bhi feoil air bith air a fireanachadh 'na fhianuis-san tre oibribh an lagha : oir is ann tre an lagh a ta eolas peacaidh,* Rom. iii. 20. 28. Ach bha ful Chriosd air a dortadh a chum a' chogais a ghlanadh o'n chionnta mhor so, eadhon o fhuath do Dhia neach a ta ann tomhas neo chriochnach airidh air ar gradh as mo. Fhuair e dhuinn maitheanas airson a pheacaidh sin mar an ceudna, agus an urradh mi gun ghradh a thabhairt da san a ghlanas mi o'n chionnta sin, eadhon o bhi falamh do gradh ?

An uair a tha so air a thuigsin, fadaidh e ann ad'

chridhe gradh do Dhia agus d'a phobull, mu'n robh thu roimhe aineolach, agus bheir e air aghaidh *aithreachas* fior airson do pheacanna. Eoin v. I. Sech. xii. 10.

Ciod a ni mi air a shonsan a nochd a leithid do ghradh iongantach agus do chaoimhneas? Tha mi 'nis a' faicinn far an do niheudaicheadh am peacadh, gur ro mho a mheudaicheadh gras, Rom. v. 20. Tha wi faieinn gu'm bheil an obair a chriochnaich Criosd freagairrach do'm fhior staidsa, neo-dhiadhaidh agus cionntach mar a tha mi a nis annam fein; agus ma chuireas mi'n teagamh gu bheil an t-slainte saor, tha mi toirt mi-chreidas do shoisgeul Dhia. O gu ma beannnichte gu robh Dia airson tiodhlac Mic a ghraidh! Chuidich e leamsa, peacach graineil, annam staid iosail agus, chaillte, Tha mi 'nis a' faicinn gu bheil an gras a dh' fhoilisicheadh anns an iobairt reitich uile-fhoghainteach air mo shon. Tha'n fhuil luachmhor so a' glanadh ino chogais o chionnta; *tha i'gam fhireanachadh, tha i'gam shabhaladh.* Tha mi' nis a' faicinn ann an Criosd an ni bha roimhe duil agam fhaotainn annam fein. Tha fios agam co cinn-teach 'sa tha focàl Dhia fior, ge do rinneadh moran nam peacaich *trid cas-umhlach aon duine.* (eadhon Adhamh) *gidheadh trid umhlachd aon duine,* (Immanuel Iosa Criosd) *gun deanar moran 'nam firean-aibh,* Rom. v. 19. Tha mi lan-chinnteach gu bheil gach ni air am bheil feum aig m' anam re fhaotainn ann am Urras glormhor, agus gu bheil e uile saor.

 'Si'n t-slainte mhor so mo mhuinghin agus m' earbsa uile, re aimsir mo chuairt. Theid mi air m' aghaidh ann an neart an Tighearna Dia, agus *ni mi luaidh air fhireantachd, eadhon air fhireantachd san am-hain,* Salm lxxi. 16. (Gal. vi. 14.) Feoraicham cionnas a gluaiseas mi o so suas, ciod a ni mi chum esan a ghlorachadh, a rinn nithe co mor air mo shon-sa? 'Se durachd mo chridh bhi umhal.

Tog an crann-ceusaидh, Mat. xvi. 24. agus lean Criosd, le bhi coimhead gach uile nithe a dh' aithn e,

Mat. xxviii. 19, 20. Eoin xv. 12—14. Imich a mach d'a ionnsuidhsan an taobh a muigh do'n champa, a'giulan a mhaslaidh-san, Eabh. xiii. 13. Bi a' sior-leanmhuin a chaoimhncis a nochdadh dhuitse, le bhi maitheadh do d' cho' pheacaich, Mat. xviii. 21, gu crioch, Col. iii. 13. a' gradhachadh agus a' deanamh maith do d' naimhde, Luc. vi. 35. Ceangail thu fein ris na deisciobuil, agus buanaich gu seasimhach maille riu ann an teagastg nan Abstol, agus ann an co-chomunn, agus ann am briseadh arain, agus ann an urnaighibh, o'n am so mach do ghnath, Gniomh ii. 42.

Mar so, trid a bhi cumail gu daingeann creideamh Chriosd mar t-ard Shagart a rinn reite eader t-anam agus Dia, agus a tha 'nns a' deanamh eader ghuidhe, 1 Eoin i. 7, 11. Eabh. vii. 24, 25. gu crioch, agus o ghradh do Chriosd, a' toirt fainear nan nithe so, mealaidh tu co'-fhurtachd an Spioraid naoimh, Eoin xiv. 14, 15. ni thu do ghairm agus do thaghá cinnteach, 2 Phead. i. 5, 12. agus bidh do dhearbhachd a' meudachadh, nach e t'aoibneas aoibhneas a chealgoir, agus gu'm bi do lochran air fhaotain a lasadh gu dealrach an uair a thig am fear-nuadh-posda.

Leugh na Scriobtuir a tha 'n so air an aimneachadh, gu ro-churamach, a' cuimhneachadb gu bheil an Scriobtuir uile air a dheachdamh le Spiorad De, agus gu bheil e tarbhach a chum teagaisg, a chum oilean ann am fireantachd: a chum gu bi oglach Dhe coimhlionta, lan-deas a chum gach uile dheadh obair.